

Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còrn

An Lèirmheas Bliadhnail

CLÀR-INNSE AN LÈIRMHEAS BHLIADHNAIL 2011

01 | 09 RO-RÀDH

02 Geàrr-chunntas

04 Co-gheallaidhean agus gnìomhan

06 Uallach airson na h-àrainneachd

08 Dleastanasan Rìoghail agus Obair Carthannais

10 | 19 A' DÈANAMH DIOFAR

10 Urras a' Phrionnsa: ag ùrachadh cor beatha dhaoine

11 Deas-ghnàth nam bonn còmhraig

12 Ionad Seirbheis Càs Èigneachaidh

13 Ath-nuadhachadh Champ Hill

14 Bunait na Beinne Guirme

15 Ath-nuadhachadh Mhuilnean Stanley

16 Iomairt na Clòimhe

18 Cunntasachd airson Seasmhachd

19 Emmaus UK

20 | 24 TEACHD-A-STEACH, CAITEACHAS AGUS LUCHD-OBRACH
27 BUIDHNEAN CARTHANNAIS A' PHRIONNSA

Tha e mar amas an Lèirmheas Bhliadhnail seo geàrr-chunntas a thoirt air gnìomhan oifigeil is carthannach Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còrn, agus fiosrachadh a thabhann mu an cuid teachd-a-steach 's caiteachais oifigeil airson na bliadhna suas gu 31 Màrt 2011.

Gheibhear tionndadh nas motha agus nas mionaidiche den Lèirmheas – le fiosrachadh a bharrachd, dealbhan, filmichean agus staitistearachd – air loidhne aig www.princeofwales.gov.uk. 'S e seo làrach-lìn oifigeil Phrionnsa na Cuimrigh, Bhan-diùc na Còrn, Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus don Phrionnsa Eanraig.

Gheibhear na naidheachdan as ùire, brathan naidheachd, bhideoan, òraidean, aistean agus clàr nan tachartasan co-cheangailte ri am Mòrachdan Rìoghail an cois na làrach-lìn seo, a bharrachd air raon farsaing de dh'fhiosrachadh eachdraidh-bheatha.

GEÀRR-CHUNNTAS

Tha an Lèirmheas Bliadhna seo a' toirt iomradh air a' bhliadhna suas gu 31mh am Màrt 2011. A thuilleadh air an ro-ràdh seo, a tha a' gabhail a-steach taghadh de cho-gheallaidhean na bliadhna, mìneachadh air buaidh gnìomhan na Muinntireachd Rìoghail air an àrainneachd agus geàrr-chunntas air prìomh eileamaidean an lùib dreuchd am Mòrachdan Rìoghail, gheibhear dà earrann: tè a tha a' soilleireachadh mar a bhios Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còrn a' dèanamh diofar air sgàth an cuid gnìomhan agus air sgàth obair an cuid charthannasan, iomairtean agus bhuidhnean; agus tè a' toirt geàrr iomradh air ciamar a thathar ag ionmhasachadh obair agus oifis am Mòrachdan Rìoghail.

Ged nach eil dreuchd bun-reachdail stèidhichte aig An Oighre air a' Chrùn, tha Prionnsa na Cuimrigh a' sireadh le taic bho a bhean Ban-diùc na Còrn, le uile chridhe ri diofar a dhèanamh air leas na Rìoghachd Aonaichte agus an t-saoghail eadar-nàiseanta. Ann am briathran beaga, faodar an dòigh sam bi a Mhòrachd Rìoghail a' dèanamh seo a roinn na trì earrannan: a' cuairteachadh dhleastanasan rìoghail mar thaic don Bhanrigh; ag obair na neach-tionnsgain carthannach; agus a' brosnachadh agus a' dìon nòsan, beusan 's sàr-obair na dùthcha. Gheibhear an tuilleadh fiosrachaidh a thaobh dreuchdan agus obair am Mòrachdan Rìoghail air taobh dhuilleagan 8-9 agus aig www.princeofwales.gov.uk.

Geàrr-chunntas

Tha an dòigh sam bi Prionnsa na Cuimrigh a' coileanadh a chuid dhleastanasan poblach gu ìre mhòr gun atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna, agus ann an 2010-11 b' iad seo na prìomh theamaichean: ag obair còmhla ri buidhnean neo-riaghaltais, 's ris na roinnean poblach is prìobhaideach air seasmhachd, ath-nuadhachadh choimhearsnachdan agus airson 's gun tig piseach air cor beatha dhaoine òga; taic am Mòrachdan Rìoghail do na Feachdan Armaichte; agus an cuid obrach do Riaghaltas Bhreatainn air tursan thall thairis.

TEACHD-A-STEACH AGUS CAITEACHAS

Bliadhna gu 31 Màrt	2011	2010
	£000an	£000an
Teachd-a-steach bho Dhiùcachd na Còrn	17,796	17,161
Maoineachadh bho Thabhartasan mar Chobhair agus Roinnean an Riaghaltais	1,962	1,664
Teachd-a-steach agus maoineachadh iomlan	19,758	18,825
Caiteachas Oifigeil	11,406	10,723
Còrr an dèidh chosgaisean oifigeil	8,352	8,102
Cìsean	4,398	3,484
Caiteachas neo-oifigeil	2,539	1,694
Caiteachas calpa (gun ìsleachadh), ath-phàigheadh iasadan agus gluasadan don chùl-stòr	1,184	2,695
Còrr airgid iomlan	231	229

CUNNTAS SEASMHACHD

Bliadhna gu 31 Màrt	2011	2010
	Tunnaichean	Tunnaichean
Sgaoilidhean ionann CO ₂		
Muinntireachd: stòrasan fo smachd na Muinntireachd	1,523	1,581
Muinntireachd: tursan oifigeil a-null thairis	438	1,479
An Tac	2,025	2,060

Airson seann dàta ionmhasail dèanaibh tadhail air: www.princeofwales.gov.uk

Bho chionn iomadh bliadhna, tha am Prionnsa a' tarraing aire do na duilgheadasan a bhios ag èirigh à caitheamh thar na còrach de stòrasan nàdair nach eil buan agus à atharrachadh gnàth-shìde. Ann an 2010, bha dà thachartas cudromach ann: anns a' Chèitean, thug e prìomh òraid aig Co-labhairt nan Coilltean 's Gnàth-shìde ann an Oslo, Nirribhidh. B' e sin àrd-choinneamh a bh' air a cur air dòigh mar thaic do dh'iomairtean lùghdachaidh air sgrìos agus crìonadh coilltean-uisge na cruinne; agus san t-Sultain chuir e seachad seachdain air turas trèana timcheall air an Rìoghachd Aonaichte a' tadhal air pròiseactan seasmhachd mar phàirt den iomairt aige, "Toiseach", gus daoine agus coimhearsnachdan a bhrosnachadh a thaobh a bhith a' gabhail cheumannan practaigeach airson lùghdachadh a thoirt air an cuid caiteachas lùtha agus an lorg truaillidh.

Leis gu bheil Feachdan Breatannach a' gnìomhachadh air feadh an t-saoghail, tha dleastanas nach beag aig an Teaghlach Rìoghail ann a bhith a' foillseachadh an cuid obrach agus ìobairt mar chuideachadh gus crìdhe a chumail ris na saighdearan 's ri an teaghlach. Air tàilleabh sin, ghabh Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc os làimh 96 co-gheallaidhean leis na Feachdan Armaichte aig dachaigh agus thall thairis.

Rè na bliadhna, chaidh am Mòrachdan Rìoghail air tursan oifigeil a-null thairis do na h-Innseachan (far an do dh'fhosgail Am Prionnsa gu h-oifigeil 19mh Gearran a' Cho-Fhlaitheis ann an Delhi às leth na Banrigh), agus don Phortagail, don Spàinn agus do Mhorocco, a thuilleadh air grunn sgrìoban na bu ghiorra co-cheangailte ri obair gu dùthchannan cèin.

CO-GHEALLAIDHEAN AGUS GNÌOMHAN

Ann an 2010-11, ghabh Prionnsa na Cuimrigh 638 co-gheallaidhean oifigeil os làimh, 's bha 73 dhiubh seo thall thairis, agus ghabh Ban-diùc na Còrn 233 co-gheallaidhean os làimh, 46 dhiubh seo thall thairis. *

Gheibhear làn chlàr de cho-gheallaidhean agus gnìomhan na bliadhna aig

www.princeofwales.gov.uk

229

Coinneamhan agus
brathan-ullachaidh

102

Baile agus mòr-
bhaile san
Rìoghachd
Aonaichte air an
deach tadhal le am
Mòrachdan
Rìoghail

34,287

Miltean air an
siubhal gu agus
bho cho-
gheallaidhean
oifigeil san RA
agus thall thairis

127

Cuirmean, co-
chonaltraidhean,
tràthan-nòin agus
dinnearan

* Tha an staitistearachd seo a' gabhail na lùib ceithir làithean de cho-gheallaidhean poblach thall thairis aig toiseach a' Ghiblein 2011, a ghabh àite an dèidh ceann bliadhna an ionmhais. Ghabhadh a-steach iad airson 's gun robh iad co-chòrdail ri figearan bho thursan thall thairis mar a chaidh aithris ann an Lèirmheasan Bliadhnail roimhe.

CO-GHEALLAIDHEAN AGUS GNÌOMHAN

9,658

Aoighean a bha a' frithealadh thachartasan aig taigheadasan Rìoghail

35,968

Litrichean a fhuaras bhon phoball

UALLACH AIRSON NA H-ÀRAINNEACHD

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith air cheann iomairtean na h-àrainneachd airson faisg air 40 bliadhna, ag obair còmhla ri gnìomhachasan, riaghaltasan agus buidhnean eile gus cuideachadh le dìon na h-àrainneachd agus le bhith a' cathachadh ri atharrachadh gnàth-shìde. Tha Muinntireachd am Mòrachdan Rìoghail a' sìor strì ri sgaoileadh gualain a thoirt chun na h-ìre as lugha, agus rinneadh sin le 31 às a' cheud bho 2007.

Rinneadh lùghdachadh air sgaoilidhean nuair a bhathar a' siubhal san Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis, agus à togalaichean oifise 's na dachaigh, le bhith a' gearradh air cleachdadh connaidh fhosail agus a' meudachadh cleachdadh cumhachd ath-nuadhachail. Am-bliadhna, thàinig 29 às a' cheud de cleachdadh cumhachd iomlan na Muinntireachd à stòrasan ath-nuadhachail, nam measg sin, goileadairean sliseagan fiodha, pumpaichean teothachd, panail sòlair, bith-chonnadh airson còmhdhail agus dealan à stòrasan ath-nuadhachail.

Tha a' Mhuinntireachd cuideachd a' sgrùdadh sgaoilidhean de ghasaichean taigh-ghlainne agus na buaidh nas motha aig an Tac ann an Highgrove, le sùil ri lùghdachaidhean fad-ùine a choileanadh. Tha an Tac air a ruith air stèidh fàs-bheairteach bho chionn còrr is 25 bliadhna, is e a' toirt raon farsaing de bhiadh às an talamh air dòigh a tha gu maith na h-àrainneachd.

Le obair nan caochladh iomairtean agus phròiseactan aige, tha Prionnsa na Cuimrigh a' leantainn air na chuideachadh ann a bhith a' toirt aghaidh air dùbhlann atharrachadh ghnàth-shìde, gu tric ann an com-pàirteachas le riaghaltasan, leis an roinn phrìobhaidich agus le buidhnean neo-riaghaltais. Am measg iad seo, tha an t-Aonad Seasmhachd Eadar-nàiseanta (a bhios ag obair gus aonta a dhèanamh a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri dùbhlannan na h-àrainneachd, an leithid tèarainteachd bìdh, sùbailteachd eag-shiostaman agus crìonadh chalpa nàdarra), agus iomairtean stèidhichte air roinnean, an leithid prìomh bhuidheann nan companaidhean àrachais "ClimateWise", prìomh bhuidheann 'P8' nam maoin peinnsein, Caidreachas Laghail na Roinne agus Lìonra Latha Bhealltainn a' Phrionnsa anns a bheil còrr is 3,500 gnìomhachas às an Rìoghachd Aonaichte agus à Pròiseact Cunntasachd airson Seasmhachd aig a' Phrionnsa.

Anns an fharsaingeachd, tha a' Mhòrachd Rìoghail a' gabhail ri dòigh aonaichte a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri duilgheadasan na h-àrainneachd, a tha a' gabhail a-steach, chan e a-mhàin oidhirpean gus lorg truailidh is caitheamh lùtha a' Mhuinntireachd a lùghdachadh, agus na h-iomairtean is pròiseactan àrainneachd sònraichte aige fhèin, ach cuideachd a chuid obrach ann an iomadh raon eile. Tha an obair seo a' ruith air raon farsaing de chuspairean iom-fhillte, eadar 's gu bheil e a' brosnachadh àiteachas seasmhach, a' cumail taic ri tuathanaich bheaga agus a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha e biadh ionadail a lorg agus foghlam nas fheàrr fhaighinn air biadh, no a' brosnachadh modh-obrach nas seasmhaiche a thaobh planadh agus dealbhadh thaighean is choimhearsnachdan air dhòigh a bhios a' cur feabhas air, agus luach ris an àrainneachd togte, nàdarra is sòisealta.

“ Chaidh sgaoilidhean gualain a lùghdachadh 22 às a' cheud am-bliadhna uile gu lèir.”

Ann an 2010, chuir Prionnsa na Cuimrigh panalan sòlair foto-bholtaic ris an liosta de stòrasan lùtha ath-nuadhachail a th' air an cleachdadh leis a' Mhuinntireachd airson a bhith a' gearradh air caitheamh connaidh fhosail agus sgaoilidhean gualain.

Chaidh sreath de 30 panail a stàladh air mullach Taigh Chlarence. Thathar an dùil gun cruthaich iad seo mu 4,000 kWh de dhealain ghlan gach bliadhna, a' caomhnadh air dà thunna de sgaoilidhean gualain.

Am bliadhna, tha mu leth chuid de lùth oifise agus taighe na Muinntireachd a' tighinn bho stòrasan ath-nuadhachail. Tha goileadairean sliseagan fiodha nam measg iad seo aig Highgrove, Tòrr Beatha agus Llwynywermod, pumpaichean teothachd stòras àile, stòras talmhainn is stòrais thèarmaich aig Highgrove agus dealan ceannaichte bho stòrasan ath-nuadhachail.

Aig an Tac, tha sreath de 400 panail sòlair foto-bholtaic gan stàladh agus cruthaichidh sin mu 80,000 kWh gach bliadhna, a' caomhnadh air 40 tunna de sgaoilidhean gualain.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air buaidh na Muinntireachd Rìoghail air an àrainneachd, agus Cunntas Seasmhachd iomlan aig

www.princeofwales.gov.uk

NB. Rinneadh ath-aithris air meud sgaoilidhean nam bliadhnachan roimhe air sgàth atharrachadh air stiùireadh na Rìoghachd Aonaichte a thaobh sgaoilidhean à caitheamh dealain. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air seo aig www.princeofwales.gov.uk

Suim iomlan CO₂ (tunnaichean)

- Stòrasan fo smachd na Muinntireachd
- Muinntireachd: Tursan Oifigeil thall thairis
- An Tac

DLEASTANASAN RÌOGHAIL AGUS OBAIR CARTHANNAIS

Tha e mar phàirt den obair aig Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còrn a bhith a' toirt taic don Bhanrigh na dreuchd mar chùis suime a thaobh uail, aonachd agus dilseachd, a bhith a' brosnachadh obair carthannais leis an iomadh buidheann carthannais, obair taice, pròiseactan agus iomairtean ris a bheil dàimh aca agus le bhith a' brosnachadh agus a' dìon nòsan, beusan agus sàr-obair na dùthcha.

A' Cumail Taic ris a' Bhanrigh

Rè na bliadhna, bha am Mòrachdan Rìoghail a' gabhail iomadh co-ghealladh os làimh, an dà chuid anns an dùthaich seo agus thall thairis. Nam measg sin bha tachartasan deas-ghnàthach agus nàiseanta agus a bhith a' cur taic ris na Feachdan Armaichte agus a bhith a' dol air tursan oifigeil thall thairis gu leas Bhreatainn aig ìre eadar-nàiseanta. Anns an Rìoghachd Aonaichte, thadhail am Prionnsa agus a' Bhan-diùc air coimhearsnachdan ann an Sasainn, Alba, A' Chuimrigh agus ann an Èirinn a Tuath mar phàirt dhen cuid dhleastanasan, agus mar phàirt dhen obair aca às leth an Rìaghaltais, chaidh iad do na h-Innseachan, Portagail, An Spàinn, Morocco, An Fhraing, Nirribhidh agus cuideachd don Bheilg.

Obair Carthannais

Fad còrr is 30 bliadhna tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith air ceann iomairtean gus am feum air obair carthannais a thoirt am follais agus ann a bhith a' stèidheachadh agus a' brosnachadh buidhnean carthannais gus na feumalachdan sin a choileanadh. Bho mheadhan nan 70an, nuair a bha Urras a' Phrionnsa air ùr thòiseachadh, tha na buidhnean carthannais ris a bheil am Prionnsa a' cur a thaic air leudachadh gu mòr agus tha 20 buidheann aige a-nis. Tha sin a' ciallachadh gur e an comann carthannais aige an iomairt charthannach ioma adhbharach as motha anns an Rìoghachd Aonaichte. Cha mhòr nach eil 1,600 neach ag obair anns na buidhnean carthannais aige agus tha iad ag obair ann an caochladh raointean. Nam measg sin tha cothroman agus iomairtean, an àrainneachd thogte, gnìomhachas cunntachail agus foghlam.

Tha an obair seo aig ìre cho mòr 's gun do chuidich a Mhòrachd Rìoghail ann an dòigh air choireigin ann a bhith a' togail £123 millean ann an 2010-11 gus cur ris an obair aig na buidhnean. Cuideachd, thathar a' toirt suimean mòra airgid do chùisean carthannach bhon teachd-a-steach aig na h-iomairtean sòisealta aige. Nam measg sin tha an gnothachas bìdh aige, Duchy Originals.

Ged a 's e buidheann fa leth a tha anns gach aon dhiubh, le Bòrd Urrasairean aig gach buidheann, bidh iad uile ag obair còmhla ann am Buidheann Carthannais a' Phrionnsa. Tha iad ag co-obrachadh gu dlùth air riaghladh corporra, tional airgid, planadh, ionmhas, conaltradh, goireasan daonna agus rannsachadh gus na buidhnean a dhèanamh nas dlùithe, nas èifeachdaiche agus gus an luach as fheàrr fhaighinn às an airgid.

Tha Ban-diùc na Còrn cuideachd gu mòr an sàs ann a bhith a' cur taic ri iomairtean carthannais. Tha i a' dèanamh seo anns a' chumantas tron 60 buidheann carthannais agus comann dhe bheil i na neach-taice no air a bheil i na ceann-suidhe. Tha i a' dèanamh grunn obair carthannais ach tha ùidh shònraichte aice ann an cuid de raointean: slàinte, a' brosnachadh litearras, a' toirt taic dhaibhsan a tha feumach air, carthannasan a tha stèidhichte anns a' Chòrn, dualchas agus na h-ealain agus sochair bheathaichean. 'S dòcha gur ann airson a ceangal ri Buidheann Nàiseanta Osteoporosis as motha a tha i aithnichte. Tha ceangal air a bhith aice ris a' charthannas seo fad ùine mhòr leis gun do dh'adhbhraich an galar, a bhios a' fàgail chnàimh brisg is briseach, bàs a màthar agus a seanmhair.

A' Brosnachadh agus A' Dìon

Le an cuid obrach, tha Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còrn a' sireadh ri dìon a chur agus brosnachadh a thoirt air nòsan, beusan agus sàr-obair na dùthcha. Am measg rudan eile, tha obair a Mhòrachd Rìoghail a' toirt am follais euchdan, no cuspairean eile nach fhaigheadh aithne mura b' e gun robh am Prionnsa a' gabhail ùidh annta. Cuideachd, tha e a' cumail taic ri coimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, a' brosnachadh tuathanachas seasmhach agus barrachd tuigse is fulangas aig creudan agus coimhearsnachdan eadar-dhealaichte.

“ Chuidich am Prionnsa gus £123 millean a thogail airson cur ri obair nam buidhnean carthannais aige, air dhòighean dìreach agus neo-dhìreach.”

A' DÈANAMH DIOFAR

Bho chaidh Urras a' Phrionnsa a stèidheachadh le Prionnsa na Cuimrigh ann an 1976, tha an carthannas òigridh as motha ann am Breatainn air a bhith a' toirt taic do chuid den òigridh leis na trioblaidean as truime san dùthaich gus beatha a dhèanamh às ùr dhaibh fhèin.

Tha Steve Hardie à Obar Bhrothaig na eisimpleir coltach ris na daoine eile a thug atharrachadh air am beatha le taic bhon Urras. An dèidh a bhith a' stri fad iomadach bliadhna le trom-inntinn, drogaichean, fèin chron agus duilgheadasan slàinte inntinn eile, thàinig Steve, a tha 24 bliadhna a dh'aois, chun an Urrais gus cuideachadh fhaighinn. Coltach ri iomadh duine eile a bhios ag iarraidh cobhair air a' charthannas, chaidh Steve a sheòladh gu phrògram ionadail "Sgioba". B' e am prògram a bha air a stiùireadh le Colaiste Dhùn Deagh am fear don deach Steve a chur.

Aig a' cholaiste choinnich e ri daoine a bha air an aon ràmh ris fhèin agus fhuair e barrachd misneachd gus caraidean ùra a dhèanamh agus gus a bhith nas dòchasaiche mun àm ri teachd. Tron phrògram, fhuair e brosnachadh gus dreuchd fhaighinn anns am biodh e ag obair le òigridh agus tha obair pàirt-ùine aige a-nis ann an ionad òigridh ann am Breichin, sgìre bhochd far a bheil mòran dhe na daoine òga ri drogaichean.

Tha an dreuchd aige air Steve a chuideachadh gus barrachd misneachd a bhith aige anns an àite obrach – rud a tha gu math cudromach do dhuine òg a bha dhen bheachd aig aon àm nach b' urrainn dha obair tuilleadh. Tha e cuideachd ag obair gu saor-thoileach airson na pròiseact ionadail, Youth-Link Dhùn Dè, agus tha e a' faighinn tlachd bhon obair leis gum bi e a' toirt cuideachadh do dhaoine òga aig a bheil spàirn mhòr ri tighinn beò.

Gus sealltainn cho taingeil 's a tha e do dh'Urras a' Phrionnsa, bho chionn ghoirid, chaidh e na fhear de Thosgairan Òga a' charthannais. An lùib an dreuchd sin thathar a' toirt aithne don t-sluagh air obair an Urrais agus mu cho cudromach 's a tha e gum faigh daoine òga cothrom eile. 'S e deagh eisimpleir a th' ann air rud ris an can Prionnsa na Cuimrigh an "cearcall beusach" – ma ghabhas daoine òga chuideachadh gus am beò a dhèanamh às ùr, faodaidh iadsan daoine eile a bhrosnachadh gus an aon rud cheudna a dhèanamh.

A' DÈANAMH DIOFAR

'S tric a bhios Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còrn a' toirt seachad buinn chòmhraig do sheirbheisich, fir is mnathan, a tha air tilleadh bho iomairtean cogaidh. Tha iad seo daonnan nan tachartasan sònraichte agus drùidhteach don h-uile duine a bhios an sàs annta, agus far a bheil cothrom air, bidh am Mòrachdan Rìoghail a' fiathachadh nam feachdan do thaigheadas Rìoghail – ged a b' e Taigh Chlarence, Sandringham no Tòrr Beatha a bhiodh ann – gus am buinn fhaighinn.

An-uiridh, thug am Mòrachdan Rìoghail seachad buinn chòmhraig aig ochd deas-ghnàthan. B' ann anns an Dùbhlachd 2010 a bha tè dhe na tachartasan sin nuair a thug Prionnsa na Cuimrigh fiathachadh do dh' Fheachd Heileacoptair nan Comanndo gu Taigh Chlarence gus am buinn gnìomha fhaighinn airson na rinn iad de sheirbheis ann an Afganastan. 'S e sàr fheachd adhair a tha ann am Feachd Heileacoptair nan Comanndo anns a bheil ceithir Buidhnean Cabhlaich Adhair, agus tha iad air a bhith an sàs ann an iomairtean uchd-bualaidh bho chiad Chogadh a' Chamais Mhòir ann an 1991.

An dèidh dhaibh caismeachd à Taigh-feachd Wellington a-null am Mall gu ruige Taigh Chlarence, chaidh luchd-airm na Feachd ann an sreath anns an lios gus am buinn fhaighinn bhon Phrionnsa. Bha iad air beulaibh an teaghlaichean agus an dèidh làimh chaidh a h-uile duine a bh' ann a-steach còmhla ri a Mhòrachd Rìoghail don dachaigh aige airson cuirm.

A' bruidhinn an dèidh dha am bonn aige fhaighinn thuirt an lioftanant Jim Shattock: "S e fìor onair agus urram a bh' ann coinneachadh ris a' Phrionnsa an seo ann an Taigh Chlarence. Tha Feachd Heileacoptair nan Comanndo air a bhith ann an Afganastan fad còrr is trì bliadhna a-nis agus tha feadhainn againn air iomadach turas a dhèanamh ann, is sinn gu bhith a' falbh a-null a-rithist, mar sin dheth, tha e math gun deach aithne a thoirt dhuinn air an dòigh seo."

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig
www.princes-trust.org.uk

42,000

duine òg don tugadh taic le Urras a' Phrionnsa rè na bliadhna

A' DÈANAMH DIOFAR

Mar phàirt dhen chuideachadh leantainneach a tha i a' toirt dhaibhsan a tha air eucoirean feise fhulang, anns a' Mhàrt 2011, thadhail Ban-diùc na Còrn air Ionad Seirbheis Càs Èigneachadh Feise Taobh an Ear Lunnainn ann an Ilford. Mhol i an obair sgoinneil aig an luchd-obrach slànachaidh agus comhairleachaidh, oifigearan poilis le eòlas sònraichte agus feadhainn eile a bha an sàs ann a bhith a' dèiligeadh ri boireannaich a tha air èigneachadh agus droch dhìol feise fhulang.

'S e Karen Ingala Nic a' Ghobhainn an t-àrd-stiùiriche air Pròiseact Nia, buidheann a chaidh a stèidheachadh ann an 1975 mar dhachaigh thèarainte do bhoireannaich agus tha iad a-nis a' toirt iomdach seirbheis do bhoireannaich agus do chloinn, agus an dèidh an turais thuirt i: "Tha e coltach gu bheil fìor ùidh aig a' Bhan-diùc anns a' chùis co-cheangailte ri làmhachas làidir an aghaidh bhoireannaich agus chaileagan agus tha i a' tuigsinn a' chuspair gu math. Tha e air leth math gu bheil cuideigin dhe a leithid a' gabhail ùidh ann an cuspair nach eil mòran eile ag iarraidh bruidhinn air fhathast."

An dèidh tadhal air an ionad, bha cuirm aig A Mòrachd Rìoghail ann an Taigh Chlarence airson buidheann Poilis a' Mhet air Modhan Rannsachaidh Eucoirean Feise (SOIT). Faodaidh oifigearan a bhith a' roghnachadh gus obair anns a' bhuidheann seo ach 's e obair gharbh fhèin doirbh a th' ann, le cuideam ga chur air a bhith a' cur eucoirich an grèim agus cuideachd ann a bhith a' toirt taic agus cobhair dhaibhsan a tha air eucoir dhe leithid fhulang. Aig a' chuirm, thuirt An Seàirdseant Rannsachaidh Eadar-amail Vanessa Lawson, a bhios a' toirt oideachadh do luchd-obrach ùra an SOIT, "Tha e sònraichte math an aithne seo fhaighinn bhon Bhan-diùc."

Bha mu 60 oifigear aig a' chuirm agus aig deireadh na h-oidhche thuirt A' Bhan-diùc riutha: "Tha sibh a' dèanamh obair ionmholta agus chan eil fhios aig gu leòr air na bhios sibh a' dèanamh. Ach tha fhios agamsa, agus bha mi dìreach airson ur toirt an seo a-nochd gus taing mhòr a thoirt dhuibh."

"Tha e coltach gu bheil fìor ùidh aig a' Bhan-diùc anns a' chùis co-cheangailte ri làmhachas làidir an aghaidh bhoireannaich agus chaileagan agus tha i a' tuigsinn a' chuspair gu math. Tha e air leth math gu bheil cuideigin dhe a leithid a' gabhail ùidh ann an cuspair nach eil mòran eile ag iarraidh bruidhinn air fhathast." Karen Ingala Nic a' Ghobhainn, àrd-stiùiriche Pròiseact Nia

A' DÈANAMH DIOFAR

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' creidsinn gum bu chòir don h-uile duine faireachdainn gu bheil sealbh agus pròis aca anns an nàbaidheachd aca fhèin. 'S e seo fear de phrìomh amasan a' charthannais aige, Bunait a' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Thogte, a tha ann am bith gus piseach a thoirt air beatha an t-sluaigh le bhith gan cuideachadh gus an nàbaidheachdan a dhealbhadh no ath-thogail.

Chithear eisimpleir de dheagh obair na Bunait air Oighreachd Camp Hill ann an Nuneaton ann an Siorrachd Warwick. Bha dùnadh nan mèinnean guail anns na 1980an nam buille chruaidh don sgìre agus bha Camp Hill a' fulang le bochdainn agus àrdachadh ann an ìrean eucoir agus ann an 1998 bha e am measg nan 10 anns a' cheud de sgìrean a bu bhochda anns an Rìoghachd Aonaichte. Chomharraich Bunait a' Phrionnsa an sgìre mar àite a bha feumach air ath-nuadhachadh agus ann an 1999 chuidich iad gus an iomairt ath-nuadhachaidh air an robh "Uaill à Camp Hill" a chur air bhog. Bhon uairsin, tha a' Bhunait air obrachadh le comhairlean ionadail agus luchd-leasachaidh gus conaltradh a dhèanamh le muinntir na sgìre agus tha iad air stiùireadh a thoirt air cruth nan sràidean, agus air rudan co-cheangailte ri sealladh agus dealbhadh na sgìre. Am measg nan rudan a tha air tighinn gu buil air sgàth na h-obrach seo tha taighean ùra, aig prìsean nas ìsle a ruigeas sporain dhaoine, air a bhith air an togail, tha prìomh shràid ùr ann le goireasan ionadail leithid oifis puist, bùth ceimigear, bùth agus togalach coimhearsnachd a bha luach £2 mhillean.

Tha Antony Biddle, a tha air a bhith a' fuireach ann an Camp Hill fad a bheatha, a' moladh na rinn Bunait a' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Thogte: "Tha mise air a bhith a' fuireach ann an Camp Hill fad mo bheatha agus tha mi riamh air a bhith moiteil gur ann às an sgìre seo a tha mi. Ach, an dèidh dhomh a bhith air mo thogail an seo, bha e na fhìor bhriseadh-dùil faicinn cho dona 's a bha gnòthaichean air a dhol bhuaithe anns na 80an agus anns na 90an. Bhon a bhrosnaich Bunait a' Phrionnsa agus Prionnsa na Cuimrigh fhèin an obair ath-ùrachaidh – agus bhon a tha Camp Hill ùr air tighinn gu buil – chunnaic mi dhomh fhìn mar a tha a' choimhearsnachd air tighinn beò a-rithist. Faodaidh sinn a bhith moiteil às an sgìre againn a-nis, tha seirbheisean ùra againn an seo agus tha spiorad na coimhearsnachd air ath-bheothachadh. Tha mi dòchasach airson na tha ri thighinn an dà chuid don sgìre agus do na daoine a tha a' fuireach an seo."

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig

www.princeofwales.gov.uk

www.princes-foundation.org

A' DÈANAMH DIOFAR

Airson nan còig bliadhna mu dheireadh, tha Bunait na Beinne Guirme air a bhith ag obair ann am prìomh bhaile Afganastan, Kabul gus seann cheàirdean togail ath-bheothachadh, gus dreuchdan ùra a chruthachadh agus gus fèin-aithne nàiseanta a chruthachadh le bhith ag ath-bheothachadh cheàirdean traidiseanta agus dualchas ealain na dùthcha.

Bhon a chaidh a stèidheachadh le Prionnsa na Cuimrigh ann an 2006, tha a' Bhunait air Institiud Ealain agus Dealbhachaidh Afganastan a stèidheachadh, air taighean ath-thogail, air togalaichean eachdraidheil a dhìon agus tha iad air sgoil agus ionad slàinte a thogail ann am Murad Khane, sgìre nan ealain ann an seann bhaile Kabul. Tha e cuideachd air còrr is \$1.2 millean de bhathar ealain agus obair ceàirde Afganach a reic.

Am measg nam feadhainn a tha air buannachd fhaighinn bhon obair ionmholta aig Bunait na Beinne Guirme, tha Fazel Ahmad Durrani. Tha esan 23 bliadhna a dh'aois agus b' àbhaist dha a bhith na phlumair ach anns an Dùbhlachd 2010 cheumnaich e bho Institiud Ealain agus Dealbhachaidh Afganastan, far an do dh'ionnsaich e seann cheàird seudaireachd. Tha e fhèin ag ràdh gur e "obair ealain nach eil bitheanta am measg na ginealaich ùir leis gu bheil 30 bliadhna de chogadh air an earrann seo de dhualchas cultarail na dùthcha a chur à sealladh." Air dha airgead a chur mu seach bho obair ealain a chaidh iarraidh air a dhèanamh anns a' bhliadhna mu dheireadh aige anns an Institiud, chaidh aig Fazel air làrach obrach seudaireachd air a bheil "luchar do dh' Ealain" a stèidheachadh. "Le bhith a' stèidheachadh mo làrach obrach fhèin tha mi ag iarraidh cothrom a thoirt do cheumnaich agus Afganaich òga gus dreuchd fhaighinn," mhinich e. Tha Fazel gu math taingeil do Bhunait na Beinne Guirme a thug dha an cothrom gus na sgilean traidiseanta ionnsachadh agus a tha a-nis a' toirt dha a' chothrom air dreuchd ùr fhaighinn dha fhèin.

Tha e dhen bharrail gu bheil e a' dol a thoirt nan sgilean a tha e air ionnsachadh do dh' Afganaich òga eile, gus an tèid aca air beò-shlaint a dhèanamh agus gum faigh iad faireachdainn de dh' uail nàiseanta uair eile anns an dualchas chultarail ath-bheothaichte aca.

Tha Bunait na Beinne Guirme air Institiud Ealain agus Dealbhachaidh Afganastan a stèidheachadh, air taighean ath-thogail, air togalaichean eachdraidheil a dhìon agus tha iad air sgoil agus ionad slàinte a thogail ann am Murad Khane, Kabul.

A' DÈANAMH DIOFAR

Tha smuain “ath-nuadhachadh tro dhualchas” air a bhith air a cur air adhart le Prionnsa na Cuimrigh fad deicheadan de bhliadhnan, agus chan eil mòran de dh'eisimpleirean nas fheàrr na Muilnean Stanley ann an Siorrachd Pheairt gus an smuain seo a riochdachadh. 'S e làrach le muilnean cotain bhon 18mh linn a fhuair ath-bheothachadh le taic bho Urras Ath-ùrachaidh a' Phrionnsa (PRT) agus bho Alba Aosmhor a tha ann am Muilnean Stanley.

Chaidh na muilnean a shàbhaladh bho bhith air an leagail ann an 1995 agus bha pàirt aig a' Phrionnsa ann oir dh'iarr e air a' charthannas aige, Urras Phoenix ('s e PRT a th' oirre a-nis), gus feuchainn ris na togalaichean a shàbhaladh agus an cur ann an cleachdadh a-rithist.

Bhon uairsin tha an làrach air a bhith air ath-leasachadh gu tur agus tha aon fhear dhe na muilnean air a bhith air a dhèanamh le Alba Aosmhor na ionad do luchd-tadhail a tha luach nam milleanan de notaichean. Tha dà mhuileann eile air a bhith air an dèanamh nan àiteachan fuirich le PRT. Bidh an làrach a' tàladh mòran luchd-turais agus tha e cudromach gus dreuchdan agus teachd-a-steach a thoirt don sgìre.

Anns an Ògmhios 2010, thadhail am Prionnsa air Muilnean Stanley gus coinneachadh ri luchd-obrach, daoine a tha a' fuireach ann agus feadhainn a b' àbhaist a bhith ag obair anns na muilnean mus do dhùin iad. Cha robh a' Mhòrachd Rìoghail air na muilnean fhaicinn bho 1997 agus bha e air a dhòigh leis na h-atharrachaidhean mòra a bha air tighinn orra. Rè an turais fhuair am PRT duais chliùiteach Europa Nostra. 'S e lionra de bhuidhnean dualchais thar na Roinn Eòrpa a tha ann an Europa Nostra.

A' bruidhinn aig cuirm toirt seachad na duais thuirt an t-Àrd-Ollamh an Ridire Seumas Dunbar-Mac a' Ghobhainn, a b' àbhaist a bhith na iar cheann-suidhe air Europa Nostra, gun robh an t-Urras air fhaicinn ann an dùthchannan air feadh na Roinn Eòrpa mar “shàr eisimpleir air mar as urrainn agus mar bu chòir do ghnòthaichean de a leithid a bhith air an dèanamh.”

Dh'innis Kaye NicFhionnlaigh, Manaidsear an Ionaid aig Muilnean Stanley agus a tha cuideachd a' fuireach air an làraich ann am fear dhe na flataichean, cho math 's a tha e a' còrdadh rithe a bhith a' fuireach ann: “ Bidh mi uaireannan a' dìochuimhneachadh gu bheil mi a' fuireach ann an àite a b' àbhaist a bhith na mhuileann. Chan e a-mhàin gu bheil an t-Urras air taighean àlainn a dhèanamh ann an làrach shònraichte, ach tha iad cuideachd air togalaichean eireachdail a dhìon gus am faigh na ginealaichean a tha ri thighinn tlachd asta.”

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig

www.turquoisemountain.org

www.princes-regeneration.org

A' DÈANAMH DIOFAR

“ Tha Iomairt na Clòimhe air barrachd iarrtais airson clòimh a chruthachadh air feadh an t-saoghail agus the air spionnadh às ùr a chur ann an gnìomhachas nan caorach anns an Rìoghachd Aonaichte. Tha sinn a-nis a’ faicinn gu bheil slighe air adhart ann don gnìomhachas agus tha Prionnsa na Cuimrigh air sin fhosgladh dhuinn.” Lesley Prior, ceannaiche clòimhe à Devon

A' DÈANAMH DIOFAR

Leis gun robh e ag iarraidh taic a thoirt do ghnìomhachas na clòimhe agus gus aithne a thoirt don t-sluagh mu cho cudromach 's a tha clòimh mar stuth nàdarra agus seasmhach chuir Prionnsa na Cuimrigh air bhog lomairt na Clòimhe anns an Fhaoilleach 2010.

Tha an lomairt ag amas air brosnachadh a thoirt do chlàimh à Breatainn agus bho Cho-fhlaitheis le bhith a' sealltainn gu bheil e air a dhèanamh ann an dòigh sheasmhach agus gu bheil e nas fheàrr mar phios aodaich na stuthan a thèid a chruthachadh – ann an obair ceàird, ann am fasain, am broinn an dachaigh agus mar lionan seasgaireachd ann an togalaichean. Le bhith a' dèanamh sin, tha an lomairt an dòchas cuideachadh a thoirt do thuathanaich chaorach gus barrachd feum a dhèanamh agus barrachd luach fhaighinn às a' chlàimh.

Anns an Dàmhair 2010, chaidh "Seachdain na Clòimhe" a chur air bhog anns an Rìoghachd Aonaichte agus chaidh còrr air 70 comharra fasain agus deannan de bhùithtean mòra nàiseanta agus cha mhòr 1000 companaidh brat-ùrlair neo-eisimeileach an sàs ann a bhith a' togail aithne mun chlàimh fad seachdain. B' e an "Field Day" aig Saville Row fear dhe na tachartasan a bu shoirbheachail anns an t-seachdain. Chuir 12 sàr thàillear aig Saville Row, an sgìre ann an Lunnainn a tha cho ainmeil airson tàillearachd Bhreatainn, fèill chaorach air bhonn ann am meadhan na sràide a bha air a sgeadachadh le sgrathan feòir airson an tachartais.

Bhon uairsin, tha an lomairt air a dhol bho neart gu neart le tuathanaich chaorach a' faighinn prìsean nas àirde airson na clòimhe aca agus tha iarrtas nas motha ann bho luchd-ceannach airson stuthan a tha air an dèanamh le clòimh. Tha aithne na h-iomairt a' dol am meud aig ìre eadar-nàiseanta cuideachd. Tha e air a dhol cho fada ri Astràilia agus Sealan Nuadh, agus tha planaichean gan deisealachadh an-dràsta gus Seachdain Eadar-nàiseanta na Clòimhe a tha gu bhith ann anns an Dàmhair 2011 ann an Amsterdam, Tokyo, Düsseldorf, Oslo agus Iorc Nuadh.

Tha a h-uile duine anns a' ghnìomhachas air feadh an t-saoghail air a bhith taiceil don iomairt aig a Mhòrachd Rìoghail. Thuirt John Thorley, ceann-suidhe lomairt na Clòimhe: "Tha lomairt na Clòimhe air fear dhe na iomairtean as fheàrr airson an ghnìomhachas a thoirt còmhla ri chèile." Thuirt Lesley Prior, a tha an sàs anns a' ghnìomhachas ann an Devon: "Tha lomairt na Clòimhe air barrachd iarrtais airson clòimh a chruthachadh air feadh an t-saoghail agus tha e air spionnadh às ùr a chur ann an ghnìomhachas chaorach anns an Rìoghachd Aonaichte. Tha sinn a-nis a' faicinn gu bheil slighe air adhart ann don ghnìomhachas agus tha Prionnsa na Cuimrigh air sin fhosgladh dhuinn." A rèir Stiùbhart MacCullaich, àrd-stiùiriche Buidheann Ur-ghnàthach Clòimh Astràilia, tha lomairt na Clòimhe "air tionndadh a thoirt air ghnìomhachas na clòimhe," agus tha Eideard Waterhouse, manaidsear margaidheachd aig Bulmer & Lumb, muileann clòimhe ann an Siorrachd Iorc dhen bheachd gu bheil Am Prionnsa "air feum mòr a dhèanamh do ghnìomhachas na clòimhe aig ìre eadar-nàiseanta le bhith ag oideachadh an luchd-ceannach air an luach agus an t-sòghalachd a tha ri fhaighinn le clòimh nàdarra."

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig

www.campaignforwool.org

1,000

Companaidh brat-ùrlair neo-eisimeileach a ghabh pàirt ann an iomairt brosnachaidh clòimhe fad sheachdain san Dàmhair 2010

A' DÈANAMH DIOFAR

'S e feadhainn dhe na dùbhlain as motha a tha mu choinneamh ghnòthachasan air feadh an t-saoghail anns an latha an-diugh a bhith a' cruthachadh modailean ghnòthachais a tha iomchaidh airson na 21mh linn, a bhith ag obair a rèir nan cuingealachdan a tha an saoghal nàdarra a' cur orra agus a bhith a' dèiligeadh ri àrdachadh ann an àireamh-sluaigh an t-saoghail. Mar thoradh air na dùbhlain seo, stèidhich Prionnsa na Cuimrigh a' phròiseact aige Pròiseact Cunntasachd airson Seasmhachd (A4S) ann an 2004, gus comhairle phractaigeach a thoirt do bhuidhnean air mar a chleachdas iad dòighean obrach seasmhachd anns na dreuchdan aca bho latha gu latha agus anns na dòighean anns am bi iad ag aithris.

Thairis air a' bhliadhna mu dheireadh, tha A4S air a bhith ag obair le feadhainn a tha ag obair aig ìre eadar-nàiseanta ann an raon nan aithrisean ionmhasail agus seasmhachd, a bharrachd air ghnòthachasan, luchd-tasgaidh airgid, riaghladairean tèarainteachd agus feadhainn eile aig a bheil ghnòthach ris, gus Comataidh Eadar-nàiseanta air Aithriseachd Aonaichte (an IIRC) a stèidheachadh. Tha e na amas aig a' Chomataidh na raointean ionmhasail, àrainneachd, sòisealta agus aithriseachd riaghlaidh gus modail aithriseachd a tha freagarrach airson na 21mh linn a chruthachadh. Thar na bliadhna, tha còmhraidhean air a bhith a' dol air adhart air feadh an t-saoghail, ann an àiteachan leithid Sìona, Na h-Innseachan, Na Stàitean Aonaichte, Astràilia agus an Roinn Eòrpa gus fiosrachadh fhaighinn agus a thoirt do chèile mun mhodail ùr air Aithriseachd Aonaichte.

Thuir Ishaat Hussain, an Stiùiriche Ionmhais aig Tata Sons Ear., agus fear de bhuill an IIRC: "Ann am buidheann Tata, 's e an smuain a tha air cùlaibh gnothaich an rud a tha gu buannachd na coimhearsnachd agus 's ann airson sin a tha sinn a' cur ar taic ri leasachadh Aithriseachd Aonaichte. Feumaidh seasmhachd a bhith aig teis meadhan gach nì."

Tha ceannardan ann an saoghal ghnòthachais, nam measg An Ridire Ridseard Branson, An Ridire Stiùbhart Rose, Theo Paphitis agus Deborah Meaden, a' cur taic ri teachdaireachd A4S agus tha iad air obrachadh còmhla gus film goirid a chruthachadh air Fòram Bliadhnail A4S, aig an do bhruidhinn Seansalair na Rìoghachd Aonaichte, Seòras Osborne, mun dealasachd a tha aig Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte a thaobh cunntasachd agus seasmhachd nas fheàrr.

Tha geur aire a-nis air a bhith a' cruthachadh ro-innleachd aig ìre cruinneil airson aithriseachd aonaichte, a chuidicheas buidhnean gus seasmhachd a chur aig teis meadhan nan co-dhùnaidhean aca; agus gus luach a thoirt do chalpa nàdarra, sòisealta agus daonna na cruinne ris a bheil daoine fa leth agus ghnòthachasan an urra.

A' DÈANAMH DIOFAR

Tha Ban-diùc na Còrn air a bhith na Neach-taice aig Emmaus na Rìoghachd Aonaichte bhon Lùnastal 2006. Bidh Emmaus a' dèiligeadh ri feadhainn a tha gun dachaigh tro lionra de choimhearsnachdan a tha a' toirt taic do chèile, far a bheil cothrom air a thoirt do dhaoine gus taigh, obair agus dàimh ri àite fhaighinn. 'S e companaich a chanar ri luchd-còmhnaidh Emmaus agus bidh seòmar aca dhaibh fhèin agus bidh iad ag obair còmhla.

Bidh gach tè de choimhearsnachdan Emmaus ag amas air a bhith a' dèanamh teachd-a-steach gu leòr gus am bi a' choimhearsnachd soirbheachail gun taic bhon taobh a-muigh. Ann an suidheachadh far a bheil daoine a' cuideachadh càch a chèile, bidh cothrom aig Companaich sgilean ùra fhaighinn agus barrachd spèis a bhith aca annta fhèin fhad 's a tha iad ag obair gus cuideachadh a thoirt do dhaoine aig a bheil feumalachdan nas motha na iad fhèin. Tha 20 Coimhearsnachd Emmaus anns an Rìoghachd Aonaichte an-dràsta agus thathar ag obair gus feadhainn eile a chruthachadh.

Anns a' Mhàrt 2011, thadhail a' Bhan-diùc air Emmaus Siorrachd Gloucester far a bheil 22 Companach a' fuireach. Rè a turais, choinnich a' Bhan-diùc ri Hayden Spokes, Companach a tha air a bhith a' fuireach aig Emmaus Siorrachd Gloucester bhon Dàmhair 2010. Tha Hayden ag ràdh gu bheil an carthannas air atharrachadh mòr a thoirt air a bheatha: "Mus tàinig mi gu Emmaus bha mi a' dol tro àm gu math duilich na mo bheatha.

Bhon a thàinig mi a dh'fhuireach aig Emmaus tha mi air fàs nas misneachaile agus nas dòchasaiche mu mo bheatha. Tha a bhith còmhla ri Emmaus cuideachd air mo chuideachadh gus tuigsinn cho fortanach 's a tha mi gun urrainn dhomh rudeigin a dhèanamh a bhios gu buannachd dhaoine eile."

An dèidh dha coinneachadh ri a Mòrachd Rìoghail bhruidhinn Hayden mu na bha e a' ciallachadh don charthannas gun robh cuideigin cho ainmeil agus cho cuideachail a' cur taic riutha. "Chòrd an turas rium gu mòr... Shaoil mise gun robh e uabhasach còir dhi tighinn an seo gus sealltainn orinn, agus mhothaich mi gun robh dòigh bhlàth aice agus gun robh i còir agus truacanta. Fhuair sinn fìor thogail bhon turas aice."

Tuilleadh fiosrachaidh aig
www.accountingforsustainability.org
www.emmaus.org.uk

TEACHD-A-STEACH, CAITEACHAS AGUS LUCHD-OBRACH

Tha an earrann seo a' toirt iomradh air na dòighean anns a bheil na gnìomhan agus na h-oifisean aig Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còrn, Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus am Prionnsa Eanraig air am maoinachadh. Tha a' chuid as motha den luchd-obrach agus de ghnìomhan oifigeil agus carthannais air am pàigheadh bho theachd-a-steach prìobhaideach a Mhòrachd Rìoghail bho Dhiùcachd na Còrn.

CUNNTAS TEACHD-A-STEACH AGUS CAITEACHAIS

Bliadhna gu 31mh dhen Mhàrt

2011
£000an

2010
£000an

Teachd-a-steach agus maoinachadh		
Diùcachd na Còrn	17,796	17,161
Tabhartasan mar Chobhair	1,608	1,132
Roinnean an Riaghaltais	354	532
Teachd-a-steach agus maoinachadh iomlan	19,758	18,825
Caiteachas		
Dleastanasan oifigeil agus obair carthannais	9,444	9,059
Tabhartasan mar Chobhair:		
Oifis Lunnainn agus taigheadas oifigeil	450	360
Siubhal oifigeil san adhar agus air rèile	1,080	692
Taic conaltraidh	78	80
	1,608	1,132
Tursan thall thairis agus luchd-airm air am fo-fhastadh	354	532
Caiteachas oifigeil	11,406	10,723
Còrr an dèidh nan Cosgaisean Oifigeil	8,352	8,102
Cìsean (a' gabhail a-steach VAT)	4,398	3,484
Caiteachas neo-oifigeil	2,539	1,694
Còrr Gnìomhachaidh	1,415	2,924
Caiteachas calpa (gun ìsleachadh), ath-phàigheadh iasadan agus gluasadan don chùl-stòir	1,184	2,695
Còrr airgid iomlan	231	229

Gus tuilleadh fiosrachaidh ionmhais, seann dàta agus Cunntas Seasmhachd bliadhnail fhaighinn, theirig gu: www.princeofwales.gov.uk

TEACHD-A-STEACH AGUS MAOINEACHADH

£milleanan

Diùcachd na Còrn

17.796

Tha teachd-a-steach prìobhaideach Prionnsa na Cuimrigh a' tighinn bho Dhiùcachd na Còrn, oighreachd phrìobhaideach anns a bheil sealbh aige air talamh agus togalaichean àiteachais, malairteach agus taigheadas ann an Iar Dheas Shasainn. Tha raon de dh' airgead-seilbhe ionmhasail aig an Diùcachd cuideachd. Bidh a Mhòrachd Rìoghail a' taghadh a' chuid as motha dhen teachd-a-steach aige bhon Diùcachd a chleachdadh airson cosgaisean obrach poblach agus carthannais fhèin, Ban-diùc na Còrn, Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus a' Phrionnsa Eanraig. Bha an t-àrdachadh de 4 às a cheud anns an teachd-a-steach anns a' chiad àite air sgàth gun d' fhuaras barrachd airgid bho airgead-seilbhe. Gheibhear cunntasan bliadhnail Diùcachd na Còrn air-loidhne aig www.duchyofcornwall.org.

£milleanan

Tabhartasan mar Chobhair

1.608

Tha maoinachadh air a thoirt leis a' Phàrlamaid airson chosgaisean oifigeil sam bith a tha air an adhbharachadh leis a' Bhanrigh mar Cheannard na Stàite no nuair a thathar a' toirt taic dhi. Tha seo air a thoirt a chionn 's gu bheil teachd-a-steach bho oighreachdan a' Chrùin air a thoirt seachad. Tha am maoinachadh seo air a thoirt ann an trì dòighean: (i) Liosta Catharra airson na Banrigh agus Tuarastal Pàrlamaid do Dhiùc Dhùn Èideann, (ii) Tabhartasan mar Chobhair, agus (iii) cosgaisean air am pàigheadh le Roinnean Riaghaltais. Cha bhi Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còrn, Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus am Prionnsa Eanraig a' faighinn maoinachadh bhon Liosta Chatharra no bho thuarastal Pàrlamaid, ach tha na trì tabhartasan mar chobhair a tha air am pàigheadh do Thaigheadas na Banrigh – airson Seirbheisean Seilbhe, Siubhail agus Conaltraidh – air an cleachdadh, gu ìre, gus an cuideachadh le an obair oifigeil.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air airgead Tabhartasan mar Chobhair aig www.princeofwales.gov.uk. Tha cunntasan bliadhnail air am foillseachadh airson nan trì Tabhartasan mar Chobhair agus chithear air www.royal.gov.uk iad no faodar am fhaighinn bho Iar Ionmhasair na Banrigh, Lùchairt Bhuckingham, Lunnainn SW1A 1AA.

£milleanan

Roinnean Riaghaltais

0.354

Bidh Roinnean Riaghaltais a' pàigheadh do luchd-obrach a tha air am fo-fhastadh bho na Feachdan Armaichte aig Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còrn (£320,060 air a chosg le Ministrealachd an Dion ann an 2010-11) agus airson cuid dhe na cosgaisean airson tursan thall thairis a dh'iarraas Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis orra a dhèanamh (£34,227 air a chosg le Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis ann an 2010-11).

CAITEACHAS

£milleanan

Dleastanasan oifigeil agus obair carthannais

9.444

Bha còrr is 70 às a cheud den teachd-a-steach an dèidh chisean aig Prionnsa na Cuimrigh bho Dhiùcachd na Còrn air a chosg air dleastanasan oifigeil agus carthannais. Dhen £9.444 millean de chaiteachas, bha 36.4 millean air a chosg air luchd-obrach, no 68% dhen t-suim iomlan. Tha fiosrachadh nas mionaidiche air na cosgaisean oifigeil ri am faighinn aig www.princeofwales.gov.uk.

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' toirt cosnadh co-ionnan ri 158.9 luchd-obrach làn-ùine. Dhiubh sin, bidh 132.8 dhiubh a' toirt taic do am Mòrachdan Rìoghail, nam measg sin Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus don Phrionnsa Eanraig, ann a bhith a' dèanamh dhleastanasan oifigeil agus obair carthannais, agus tha 26 dhiubh mar luchd-obrach pearsanta, gàrraidh agus tuathanais. Tha an clàr air duilleag 24 a' mìneachadh an

luchd-obrach oifigeil aig roinn an Taigheadais agus tha e cuideachd ag innse na cosgais iomlan, a' gabhail a-steach tuarastail agus cosgaisean eile, aig gach roinn.

£milleanan

Tabhartas mar Chobhair: Oifis Lunnainn agus taigheadas oifigeil**0.450**

'S e Taigh Chlarence an oifis ann an Lunnainn agus an taigheadas oifigeil aig Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còrn, agus an taigheadas oifigeil aig Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus aig a' Phrionnsa Eanraig. Tha e air a chleachdadh airson dinnearan oifigeil, chuirmean agus choinneamhan, a bharrachd air a bhith na oifisean aig luchd-obrach oifigeil am Mòrachdan Rìoghail. Tha na prìomh sheòmraichean a tha air an làr ìseal ann an Taigh Chlarence fosgailte don mhòr-shluagh bho thoiseach an Lùnastail gu deireadh na Sultain a h-uile bliadhna. Chaidh fàilte a chur air 3,554 aig cuirmean oifigeil ann an Taigh Chlarence tron bhliadhna, agus bha 12,299 luchd-tadhail a phàigh airson tadhal air. Tha oifisean aig a' Mhuinntireachd cuideachd ann am earrannan eile de Lùchairt Naomh Sheumais, a' gabhail a-steach Muinntireachd Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus a' Phrionnsa Eanraig. Tha Seirbheisean Seilbh Tabhartas mar Chobhair a' pàigheadh airson nan cosgaisean gus Taigh Chlarence a chumail suas agus do na h-oifisean eile aig Lùchairt Naomh Sheumais.

£milleanan

Tabhartas mar Chobhair: Siubhal Oifigeil san adhar agus air rèile**1.080**

Tha e mar phàirt chudromach dhen obair aig Prionnsa na Cuimrigh, mar Oighre a' Chrùin, agus Ban-diùc na Còrn, a bhith a' toirt dhaoine air feadh na Rìoghachd Aonaichte còmhla, gus a bhith aig teis meadhan beatha nàiseanta na dùthcha agus gus an dùthaich a riochdachadh thall thairis. Tha seo a' gabhail a-steach tòrr siubhail a dh'fheumas a bhith air a dhèanamh a thaobh feumalachdan èifeachdais, tèarainteachd agus taisbeanaidh.

Ann an 2010-11, shiubhail am Mòrachdan Rìoghail 34,287 mìle gu agus bho thachartasan oifigeil anns an Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis, àireamh a tha a' gabhail a-steach 14,051 mìle de shiubhal thall thairis às leth an Riaghaltais. Chosg an siubhal sin £1.080 millean ann an 2010-11, agus ged nach eil sin a' gabhail a-steach nan cosgaisean siubhail ann an càr, chaidh na cosgaisean a phàigheadh le Tabhartas mar Chobhair Siubhal Rìoghail san Adhar agus air Rèile.

Tha an t-àireamh seo a' gabhail a-steach nan cosgaisean gluasadach airson nan tursan a chaidh a dhèanamh ann an 32 Squadron, heileacoptair na Banrigh agus san Trèan Rìoghail. Tha seo air sgàth 's gu bheil cosgaisean stèidhichte ann ged a bhiodh no nach biodh an heileacoptair no an trèana air an cleachdadh agus chan ann mar thoradh air tursan sam bith a chaidh a dhèanamh. Airson làn mhìneachaidh, faic Aithisg Bhliadhnail air Tabhartas mar Chobhair airson Siubhail Rìoghail san Adhar agus air Rèile 2010-11 – a gheibhear aig www.royal.gov.uk.

£milleanan

Tabhartas mar Chobhair: Taic Conaltraidh**0.078**

Tha cosgais a' tighinn air Oifis Prionnsa na Cuimrigh airson a bhith a' leasachadh agus a' ruith prògram conaltraidh, a bhith a' cumail Oifis nam Meadhanan, a bhith ag ùrachadh agus a leasachadh a làrach-lìn, a bhith a' toirt fiosrachadh coitcheann agus foghlaim do na meadhanan agus don t-sluagh, agus a bhith a' toirt Oifigearan nam Meadhanan gus na meadhanan a chuideachadh aig tachartasan agus tursan oifigeil. Tha a' mhòr chuid dhe na cosgaisean air am pàigheadh le Prionnsa na Cuimrigh fhèin. Ach, tha cuid dhe na cosgaisean a tha a' tighinn le a bhith a' cuideachadh nam meadhanan aig tachartasan air feadh na dùthcha, rud ris an canar taic conaltraidh, air a bhith air am pàigheadh le Tabhartas mar Chobhair Conaltraidh agus Fiosrachaidh.

TEACHD-A-STEACH, CAITEACHAS AGUS LUCHD-OBACH

£milleanan

Luchd-airm air am fo-fhastadh agus tursan thall thairis

0.354

Tha triùir de bhuill Oifis Luchd-obrach an Eachraich agus còignear shaighdearan air am fo-fhastadh bho na Feachdan Armaichte agus Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còrn a chuideachadh airson an dleastanasan oifigeil a choileanadh. Bha cosgais de £320,060 air Ministrealachd an Dìon ann an 2010-11.

Bidh Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis a' pàigheadh nan cosgaisean aig na tursan oifigeil aig Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còrn, Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus aig a' Phrionnsa Eanraig gu tìrean cèin (a bharrachd air cosgaisean siubhail a tha a' tighinn à maoin Tabhartas mar Chobhair airson Siubhail Rìoghail san Adhar agus air Rèile). Ann an 2010-11, rinn am Mòrachdan Rìoghail tursan anns na h-Innseachan anns an Dàmhair 2010 agus a Phortagail, don Spàinn agus do Mhorocco anns a' Mhàrt agus anns a' Ghiblean 2011. Chaidh iad cuideachd air tursan nas giorra, còmhla no air leth, gu Nirribhidh, don Fhraing agus don Bheilg. Thathar a' dol air na tursan seo an dèidh iarrtas agus le taic bho Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis gus togail agus neart a thoirt do na deagh dhàimhean a tha aig an Rìoghachd Aonaichte ri dùthchannan air feadh an t-saoghail. Ann an 2010-2011, bha cosgais de £34,227 air Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis airson nan tursan seo.

£milleanan

Cisean

4.398

Bidh Prionnsa na Cuimrigh a' pàigheadh chìsean le thoil fhèin air an teachd-a-steach a' chòrr aig Diùc na Còrn, aig ìrean cìse àbhaisteach agus aig ìre 50 às a cheud, agus bidh e a' pàigheadh chìsean air gach teachd-a-steach eile agus air buannachdan calpa coltach ri duine sam bith eile. Tha an £4.398 millean a' gabhail a-steach VAT. Ma thèid Àrachas Nàiseanta nam fastaichean agus Cisean Comhairle a chunntadh cuideachd, tha an àireamh iomlan a' dol gu £4.9 millean.

£milleanan

Caiteachas Neo-oifigeil

2.539

A bharrachd air a bhith a' pàigheadh airson nan dleastanasan oifigeil aig Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còrn, Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus a' Phrionnsa Eanraig, cuid de dh'obair carthannais agus cosgaisean cìse a' Phrionnsa, tha an teachd-a-steach bho Dhiùc na Còrn air a chleachdadh airson caiteachais neo-oifigeil a' Phrionnsa agus a theaghlach a pàigheadh.

Tha caiteachas neo-oifigeil a' gabhail a-steach ionnan ri 8.6 luchd-obrach pearsanta làn-ùine. Nam measg sin tha rùnairean pearsanta, còcairean, searbhantan, agus luchd-obrach Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còrn, Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus a' Phrionnsa Eanraig. Cuideachd, tha ionnan ri 17.4 luchd-obrach làn-ùine oighreachd, tuathanais, gàrraidh agus stàball ann. Tha cosgaisean pearsanta cuideachd a' gabhail a-steach earrann iomchaidh dhen chosgais aig Taigh Highgrove agus Tòrr Beatha, agus a bhith a' cumail oighreachd agus gàrradh aig Highgrove. Tha luach carthannais àrd aig gàrradh Highgrove, agus an-uiridh thadhail cha mhòr 31,402 duine air.

Tha na cosgaisean aig an Tac, an tuathanas fàs-bheairteach aig a' Phrionnsa air Oighreachd Highgrove, air an gabhail a-steach anns an earrainn seo. 'S e tuathanachas obrach a tha anns an Tac agus chaidh a stèidheachadh le Prionnsa na Cuimrigh gus na buannachdan coimeirsealta agus eaconamach an cois tuathanachas fàs-bheairteach agus seasmhach a thoirt am follais. Thadhail mu 1,250 duine air an-uiridh.

LUCHD-OBACH

Aig agus airson na bliadhna
gu ruige 31mh dhen Mhàrt 2011

Luchd-obrach
ionnan ri làn-ùine
2011

Cosgaisean Oifigeil
£000an
2011

Prìomh Rùnaire	3.5	
Prìobhaideach agus Luchd-taic		
Oifis nan Rùnairean		
Prìobhaideach		
Rùnaire Prìobhaideach	1.0	
Iar agus Leas Rùnairean	6.1	
Prìobhaideach		
Luchd-obrach	12.6	
rannsachaidh agus rianachd		
Co-sgrìobhadh	2.5	
Oifis Diùc agus Ban-diùc Chambridge agus a' Phrionnsa Eanraig	7.8	
	33.5	2,817
Ionmhas, Sgiobachd agus Rianachd		
Ionmhasair agus Luchd-taic	2.0	
Ionmhas agus Maoin-chunntas	11.0	
Sgiobachd	7.6	
Tasglannan	3.0	
	23.6	2,086
Conaltradh		
Rùnaire agus Neach-taic conaltraidh	2.0	
Rùnaire nam Meadhanan	1.0	
Leas Rùnairean nam Meadhanan	2.2	
Oifigearan nam Meadhanan agus Deasaiche Làrach-lìn	6.0	
	11.2	824
Maighstir Roinn na Muinntireachd		
Maighstir agus Luchd-taic na Muinntireachd	5.4	
Luchd-obrach an eachraich	2.0	
Co-òrdanaichean prògraim agus siubhail	4.0	
Buidealairean	1.3	
Cinn chòcairean agus Portairean Cidsin	3.3	
Saighdearan frithealaidh	5.3	
Fàilteachas	1.0	
Dràibhear	3.0	

Manaidsearan Taighe agus Mnathan/Fir Taighe	11.8	
Searbhantan agus Luchd-èididh	2.5	
Gàirnealairean agus Luchd-obrach na h-Oighreachd	18.7	
	58.3	3,717
Oifis Stiùiriche nan Carthannas		
Stiùiriche agus Luchd-taic	2.7	
Ceannard Gnìomha	0.5	
Manaidsear Gnìomha & Oifigear Margaidheachd	2.0	
Manaidsear Riaghlaidh agus Phròiseactan	1.0	
	6.2	-
Luchd-obrach Oifigeil Iomlan aig 31mh dhen Mhàrt 2011	132.8	9,444
Obair Carthannais stèidhichte aig Taigh Chlarence		
Aonad Seasmhachd	9.7	
Eadar-nàiseanta		
Cunntasachd airson Seasmhachd	4.6	
Pròiseactan Carthannais eile	2.0	
	16.3	-

CARTHANNASAN A' PHRIONNSA

Tha Carthannasan a' Phrionnsa nam buidhnean air a bheil Prionnsa na Cuimrigh na Cheann-suidhe. Chaidh 18 dhen 20 carthannas a stèidheachadh leis a' Phrionnsa ach chan ann airson prothaid a dhèanamh.

Tha a' bhuidheann na h-iomairt charthannach ioma-adhbharach as motha anns an Rìoghachd Aonaichte, is i a' togail còrr is £100 millean gach bliadhna. Tha gnìomhan nam buidhnean a' ruith air caochladh raointean a tha a' gabhail a-steach cothrom agus iomairtean gnìomhachais, na h-àrainneachd togte, gnòthachas cunntachail, agus foghlam. A bharrachd air sin, tha grunn iomairtean sòisealta a' cuideachadh gu mòr le bhith a' toirt seachad nam prothaidean aca uile do charthannas.

Tha na carthannasan nan samhla air an lèirsinn innleachdail fhad ùineach aig Prionnsa na Cuimrigh agus tha iad a' sireadh ri dèiligeadh ri raointean ris nach deach aghaidh a chur gu ruige seo.

Gus tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn theirig gu: <http://princescharities.org>

COTHROM AGUS IOMAIRT

Urras a' Phrionnsa www.princes-trust.org.uk

Fòn: +44 (0) 20 7543 1234

Fòn an-asgaidh 0800 842 842

Urras a' Phrionnsa airson Gnòthachas Òigridh na h-Alba

www.psybt.org.uk

Fòn: +44 (0) 141 248 4999

Gnòthachas Eadar-nàiseanta a' Phrionnsa don Òigridh

www.youthbusiness.org

Fòn: +44 (0) 203 326 2060

Tagradh a' Phrionnsa airson Iomairtean Gnìomhachais Inbheach (PRIME)

www.prime.org.uk www.primebusinessclub.com

Fòn an-asgaidh: 0800 783 1904

PRIME Cymru www.prime-cymru.co.uk

Fòn: +44 (0) 1550 721 813 Fòn an-asgaidh 0800 587 4085

Urras nan Àisianach Breatannach

www.britishasiantrust.org

Fòn: +44 (0) 20 7024 5739 no +44 (0) 20 7024 5646

FOGHLAM

Sgoil a' Phrionnsa airson Tarraing Dhealbhan

www.princesdrawingschool.org

Fòn: +44 (0) 20 7613 8568

Sgoil a' Phrionnsa airson Ealain Thraidiseanta

www.psta.org.uk

Fòn: +44 (0) 20 7613 8500

Institiud a' Phrionnsa airson Teagaisg

www.princes-ti.org.uk

Fòn: +44 (0) 20 3174 3106

Bunait a' Phrionnsa do Chloinn & na h-Ealain

www.childrenandarts.org.uk

Fòn: +44 (0) 20 3326 2230

AN ÀRAINNEACHD TOGTE

Bunait a' Phrionnsa airson an Àrainneachd Togte

www.princes-foundation.org

Fòn: +44 (0) 20 7613 8500

Urras Ath-nuadhachaidh a' Phrionnsa

www.princes-regeneration.org

Fòn: +44 (0) 20 7462 6440

Bunait na Beinne Guirme

www.turquoisemountain.org

Fòn: +44 (0) 1764 650 888

Urras Taigh Dhùn Phris aig Maor Mòr na h-Alba

www.dumfries-house.org.uk

Fòn: +44 (0) 1290 425959

GNOTHACHAS CUNNTACHAIL

Gnothachas sa Choimhearsnachd

www.bitc.org.uk

Fòn: +44 (0) 20 7566 8650

Prògram Oilthigh Chambridge airson Ceannardas Seasmhachd

www.cpsl.cam.ac.uk

Fòn: +44 (0) 1223 768850

Gnothachas Albannach sa Choimhearsnachd

www.sbcsot.com

Fòn: +44 (0) 131 451 1100

In Kind Direct

www.inkinddirect.org

Fòn: +44 (0) 20 7398 5510

Na h-Ealain & Gnothachas

www.artsandbusiness.org.uk

Fòn: +44 (0) 20 7378 8143

Maoin a' Phrionnsa airson an Tuath

www.princescountrysidefund.org.uk

Fòn: +44 (0) 20 7566 8650 Post-d: victoria.elms@bitc.org.uk

IOMAIRTEAN SÒISEALTA

Duchy Originals

www.duchyoriginals.com

Iomairt na Gàidhealtachd a Tuath

www.mey-selections.com (airson bathair)

Fòn: 01955 606600

www.northhighlandsscotland.com (airson turasachd)

Post-d: info@northhighlandsscotland.com

Iomairtean Gniomhachais Highgrove

www.highgroveshop.com

Fòn: +44 (0) 845 521 4342

Ealain na Beinne Guirme

www.turquoisemountainarts.af

Fòn: +93 (0) 799 34 17 25

BUNAITEAN

Bunait Carthannasan a' Phrionnsa

Bunait Carthannasan a' Phrionnsa (Canada)

Bunait Carthannasan a' Phrionnsa (Sìona)

Bunait Phrionnsa na Cuimrigh (Na Stàitean Aonaichte)

www.princeofwales.gov.uk

Fiosrachadh clò, pàipeir agus foillseachaidh:

Air a dhealbhadh 's air a chruthachadh le Addison www.addison.co.uk Air a chlà-bhualadh le Buidheann Pureprint le bhith a' cleachdadh teicneòlas clò-bhuailidh na h-àrainneachd.

Dàta na h-àrainneachd a thaobh cruthachadh an sgrìobhainn seo:

Freumh a' phàipeir: air a dhèanamh a rèir dearbhadh ISO14001 agus FSC, agus 100% à sgudal a chruinnicheadh an dèidh do luchd-cleachdaidh a bhith ga chaitheamh

Sgaoilidhean CO₂: 138kg agus 100% air a chlà-bhualadh gu neo-dhìreach

Inc: dèante 100% à ola ghlasraich

Lionn-sgaoilidh clò: 95% air a ghlanadh 's air ath-chleachdadh

Sgudal tioram: 99% ath-chuartaichte

IPA air a chleachdadh: 0%

Tha na siostaman dèanaimh uile air an clàradh fo ISO 14001:2004, ISO 9001:2000 agus EMAS. Tha Buidheann Pureprint na bhuidheann clò-bhuailidh neoni gualain a tha a' ruith prògram lùghdachadh gualain mun tèid clò-bhualadh gu neo-dhìreach agus a tha a' gleidheadh Duais na Banrigh airson Iomairt Gnìomhachais: Leasachadh Seasmhach